



## Còmhdhail na Cruinne airson Litreachas na h-Alba: Gairm Phàipearan

Thèid ceathramh Còmhdhail na Cruinne airson Litreachas na h-Alba a chumail aig Oilthigh Nottingham, Sasainn, bhan 3-7 dhen t-luchar 2024. 'S e coinneamh mhòr eadar-nàiseanta a th' ann de luchd-rannsachaidh aig a bheil ùidh ann an litreachas na h-Alba air fad agus anns a h-uile cànan, le cuideam air àite na h-Alba anns an t-saoghal.

Chan eil cuspair sònraichte aig a' Chòmhaghail ach tha sinn ag amas air leudachd eadar-nàiseanta agus bhiodh sinn toilichte gu h-àraighean phàipearan fhaighinn air cuspairean co-cheangailte ri co-theacsna na Còmhaghalaich ann an Nottingham: an dàimh eadar Alba is Sasainn bhan tùs gu latha an-diugh. Tha buaidh air a bhith aig a' cheangal sin air an t-saoghal air fad, agus tha an dàimh seo air a bhith fior-chudromach ann an litreachas Albais, Gàidhlig, Beurla, Fraingis, agus Laideann. Fon sgàil-chuspair seo, tha sinn 'n dùil ri deasbad a phiobrachadh air:

- Dàimhean eadar Alba agus Sasainn: pearsanta, eadar-theacsail, poilitigeach, cultarail, eachdraidheil
- Alba anns an Ìmpireachd agus An Ìmpireachd ann an Alba
- Fògarraich & Dìobaraich
- 'Nàmhaid no àmhaid – caraid dhomhsa': Litreachas na Gàidhlig agus dàimhean taobh a-muigh na h-Alba
- 'Air a chumadh leis an tìr': a' tuigsinn na tire, na mara, is na h-àrainneachd ann an litreachas
- Litreachas na h-Alba agus litreachas na Cruinne
- Ath-innse na Meadhan-Aoisean ann an Alba agus cleachdadh an t-saoghal a dh'fhalbh ann an dòighean ro-nuadh
- *Ultima thule*: ceanglaichean tràth eadar Alba agus an Roinn-Eòropa
- Romansachas & seallaidhean thall thairis
- 'Post-Couthy': litreachas ann an Albais bho àm nan Aonaidhean
- Dràma, tèatar, taisbeantas
- Litreachas agus meadhanan na Gàidhlig anns an latha an-diugh
- A' sgrìobhadh diaspora: Alba ann an saoghal co-cheangailte

Feumaidh molaidhean airson phàipearan, postairean, agus taisbeanaidhean tighinn thugainn còmhla ri geàrr-chunntas mu 200 faclan agus iomradh air ceangal an neach-rannsachaidh le oilthigh / companaidh. Bidh fàilte air phàipearan ann am Beurla, Albais, agus Gàidhlig, ach cha bhi goireasan eadar-theangachaidh mar-aon ri làimh aig a' cho-labhairt.

**'S e ceann-latha airson nam molaidhean air fad 31 an Dàmhair 2023.**

Cuiribh molaidhean/geàrr-chunntasan do Chomataidh na Còmhddhalach aig  
[wcl24@nottingham.ac.uk](mailto:wcl24@nottingham.ac.uk).

Bhitheamaid toilichte molaidhean airson phannalan fhaighinn, agus bu chòir dhaibh a bhith a-staigh ro cheann-latha, le liosta de luchd-pàirteachaidh & iomradh air na h-oilthighean / companaidhean anns a bheil iad, còmhla ri geàrr-chunntasan. Tha fàilte air luchd-eagrachaidh modhan eadar-dhealaichte a mholadh, mar eisimpleir bùthan-obrach no còmhraidean choionnann, 's chan ann pannalan traidiseanta le trì no ceithir pàipearan a-mhàin.

Tha sinn deònach fàilte shònraichte a chur air oilleanaich-cheumnachaidh is iar-cheumnachaidh, agus 's urrainn dhaibh pàipearan traidiseanta a mholadh, no postairean agus taisbeanaidhean ioma-mheadhanach (slaighdean PowerPoint, bhideothan, filmichean goirid, msaa) airson roinn neo-fhoirmeil anns am bi cothrom beachdan fhaighinn air 'obair fo làimh'. Thèid barrachd fiosrachaiddh air taic-airgid do dh'oileanaich iar-cheumnachaidh a sgaoileadh anns na mìosan a tha romhainn, agus bidh sanasan a' nochdadh air làrach-lìn agus meadhanan-sòisealta na Còmhddhalach.

Tha a' Chòmhddhail a' cur cuideam air a bhith an làthair air an fhàrdach, ach bidh seiseanan hybrid ann cuideachd, le àireamh chuibhrichte de chompàirtichean, gus am bi an tachartas fosgailte do luchd-rannsachaiddh gun chothrom siubhail. Ma tha sibh 'n dùil nach bi cothrom agaibh a bhith an làthair aig a' Chòmhddhail ach bhiodh ùidh agaibh pàirt a ghabhail air-loidhne, curibh fios thugainn.

Feumaidh compàrtichean uile a bhith nam buill de Chomann Eadar-Nàiseanta airson Sgrùdadh Litreachas na h-Alba aig àm na Còmhddhalach (barrachd fiosrachaiddh ri fhaighinn bho [scotlit-iassl@glasgow.ac.uk](mailto:scotlit-iassl@glasgow.ac.uk)).

Làrach-lìn na Còmhddhalach: <https://www.nottingham.ac.uk/conference/fac-arts/english/iassl/index.aspx>.

Duilleag oifigeil air Facebook: <https://www.facebook.com/ScotLit2024>